



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Aig astar
Nì a' chlàr-ghnothaich	11.5 – PT1

Tìotal a' Phàipeir	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig – LP1: Ionmhas
Air ullachadh le	Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan

1. Chaidh iarraidh leas-phàipear a chur air adhart ri Bhuill gus cosgaisean an lùib molaidhean taic-airgid do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' mhìneachadh.
2. Fhuair oifigearan a' Bhùird iomradh bho Stòrlann air cosgaisean a thathar an dùil mu choinneamh tachartasan CLPL an àite an t-Alltan, is iomradh orra mar a leanas:

Tachartas	Tomhais air luchd-frithealaidh	Àireamh	Cosgais gach tachartas	Iomlan
Tachartasan ionadail (aghaidh-ri-aghaidh)	25	2	£9,000	£18,000
Webinars air-loidhne beò	20 beò / Gun casg as dèidh làimh	5	£1,250	£6,250
Tachartasan "hybrid" (pàirt aghaidh-ri-aghaidh is pàirt air-loidhne)	Gun casg	3	£1,100	£3,330
Tachartasan a thèid an clàradh is sruthadh air-loidhne	50 beò / Gun casg as dèidh làimh	5	£1,650	£8,250
Goireasan is bathar-bog				£3,300
Tachartasan eile (stèidhichte air tachartas gu h-àrd a-rèir èifeachdas) & Co-thuiteamas				£10,900
IOMLAN				£50,000

3. Bha oifigearan riarachta leis am buidseat a bhathar a' moladh, agus mar a thathar a' measadh phròiseactan is aontaidhean eile, ma tha cosgaisean nas ìsle na bhathar an dùil bidh ìsleachadh san taic-airgid a gheibh Stòrlann airson seo a lìbhrigeadh.
4. Leis gun e a' chiad bhliadhna den dòigh lìbhrigidh seo, tha Stòrlann agus oifigearan a' Bhùird an dùil measadh as ùr a dhèanamh air a thaobh buidseat agus èifeachdas a' phrògram aig deireadh 2020 a dh' ionnsaigh aonta taic-airgid 2021/22.
5. A thuilleadh air na molaidhean gu h-àrd, tha Stòrlann ag amas air prògram nas giorra den leithid a' lìbhrigeadh mar CLPL do luchd-obrach sna tràth-bhliadhnaichean, le tuairmse cosgais de £10,000, is iomradh air seo bho Stòrlann:

“Leanaidh seo am pàtaran a tha san amharc airson na h-ìrean eile. Tachartasan ionadail (nas lugha a thaobh àireamhan), ‘Webinars’ agus ‘Tutorials’. Is e daingneachadh agus leudachadh air cleachdadh, Gàidhlig nan Òg am fòcas airson na bliadhna ri teachd.”

6. Stèidhichte air prionnsabalan air an cur an cèill fo phuing 3 is 4, tha oifigearan riarachta leis am moladh gus £10,000 a chur mu choinneamh taic CLPL do luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean gus taic a chumail dhan roinn chudromach seo.
7. Mar thoradh air na molaidhean seo, thathar an dùil gum bi cothrom aig barrachd tidsearan is luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean buannachd CLPL fhaighinn bho obair Stòrlann.
8. Thathar cuideachd ag amas gum faighear barrachd luach an airgid bho na molaidhean seo is na phuingeagan-coileanaidh ùr a bhios aig Stòrlann, is comas gu h-ìosal eadar phuingeagan san aonta 2019/20 ri linn An t-Alltan is molaidhean airson puingeagan 2020/21 ri linn na molaidhean ri fhaighinn gu h-ìosal:

2019/20	2020/21
An t-Alltan 2020 a' cur air dòigh co-dhiù 175 an làthair	A' cur tachartasan no seiseanan CLPL air dòigh le co-dhiù 250 dhaoine a' frithealadh seiseanan beò
Co-dhiù 10 tachartasan CPD neo làithean-fiosrachaidh a' libhrigeadh air loidhne neo gu h-ionadail, a bharrachd air An t-Alltan	A' libhrigeadh co-dhiù 15 tachartasan no seiseanan CLPL air-loidhne